

---

# A' CHAITHEAMH/TB

---

<https://www.nhs.uk/conditions/tuberculosis-tb/>



'S e galar gabhaltach a tha a' toirt buaidh gu h-àraidh air na sgamhain a tha sa chaitheimh. 'S e seòrsa de bhacterium a tha ga adhbharachadh agus tha e a' sgaoileadh nuair a ghabhas neach boinneagan fala a-steach air an anail nuair a nì cuideigin air a bheil an galar casad no sreathart.

'S e galar a th' ann dha bheil leigheas agus slànachadh leis na h-anti-biotaigean ceart.

## 1. Comharran\*

\*faodaidh diofar rudan na comharran seo adhbharachadh ge-tà, agus chan e an-còmhnaidh comharra air a' chaitheimh a th' annta.

*casadaich a tha a' leantainn còrr is trì seachdainean  
(s dòcha gun tig fuil leis a' chasad)  
call cuideim  
fiabhras (teòthachd àrd)  
sgìths agus claoidheadh  
dìth càil a' bhìdh*

## 2. Adhbhar

'S e galar bacteriach a th' anns a' chaitheimh. Tha e a' sgaoileadh nuair a tha cuideigin air a bheil an galar beò a' casadaich no a' sreathartaich agus a' cur a-mach bhoinneagan sa bheil bacteria na caitheimh. Tha cuideigin eile an uair sin a' gabhail nam boinneagan sin a-steach air an anail.

Ged a tha a' chaitheamh a' sgaoileadh mar a tha an cnatan agus an cnatan-mòr, chan eil i cho gabhaltach.

'S e a' chaitheamh a tha a' bualadh air na sgamhain an seòrsa as gabhaltaiche. Mar as trice bidh an galar a' sgaoileadh am measg dhaoine a tha a' fuireach san aon taigh. Cha bhiodh e idir coltach gun togadh tu an galar le bhith a' suidhe ri taobh neach air an robh an galar air bus no air tràana. Mar as trice dh'fheumadh tu ùine mhòr (grunn uairean a thìde) a chur seachad glè fhaisg air cuideigin air an robh an galar mus gabhadh tu fhèin e.

Chan eil a h-uile neach air a bheil a' chaitheamh ga sgaoileadh. Cha bhi clann air a bheil a' chaitheamh no daoine leis an t-seòrsa caitheimh a tha taobh a-muigh nan sgamhan ga sgaoileadh.

### **3. Diagnosachd**

Tha grunn dheuchainnean ann airson a' chaitheamh a dhearbhadh. Faodaidh e a bhith doirbh aithneachadh dè an seòrsa a tha a' bualadh air na sgamhain agus le sin tha feum air grunn dheuchainnean mar as trice.

### **4. Leigheas**

'S e droch thinneas a tha sa chaitheimh a ghabhas slànachadh leis an leigheas cheart. Mar as trice 's e an leigheas anti-biotaigean a ghabhail fad grunn mhìosan. Chan fheum a' chuid mhòr de dhaoine a bhith san ospadal nuair a tha iad a' faighinn leigheas.